Ar Guthan

Sgeama taic do sgrìobhadairean ùra

Comhairle nan Leabhraichean
The Gaelic Books Council

CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Ar Guthan

Taic do sgrìobhadairean bho choimhearsnachdan fo-riochdaichte ann an sgeama ùr

Tha Comhairle nan Leabhraichean ann an co-bhonn le Alba Chruthachail air Ar Guthan a chur air bhog, sgeama a bheir taic do sgrìobhadairean Gàidhlig bho mhion-choimhearsnachdan is iad ag obair a dh'ionnsaigh a' chiad leabhair aca.

Tha àiteachan airson suas gu trì sgrìobhadairean air an sgeama. Thèid dàimh meantoraidh a thabhann dhaibh le eòlaiche litreachais a tha buntainneach don stoidhle chruthachail aca agus gheibhear beachd air an obair aca bho fhoillsichear de litreachas Gàidhlig.

Tha an sgeama ag amas air sgrìobhadairean a tha ag obair air nobhail, leabhar de fhicsean chruthachail no cruinneachadh de fhicsean goirid, aig nach eil leabhar ann an clò mar-tha. Thathar gu h-àraid a' cur fàilte air tagraidhean bho sgrìobhadairean a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan nan eilean no sgìrean dhùthchail; sgrìobhadairean à dachaigh air teachd-a-steach ìosal; iadsan aig a bheil eòlas san t-siostam cùraim agus iadsan a tha gam meas fhèin mar Dhubh, Àisianach, neo bho Mhion-Chinnidheachd eile, LGBTQ+, agus ciorramach.

Thathar a' cur fàilte air iarrtasan bho dhaoine aig a bheil dìth-mhisneachd ceangailte ri sgrìobhadh ann an Gàidhlig. Ma tha na tagraichean sin airson bruidhinn air seo, faodar fios a chur gu Comhairle nan Leabhraichean le fòn air 0141 331 6211 no air post-d gu guthan@gaelicbooks.org.

Chan eilear a' coimhead airson leabhraichean chloinne, nobhailean grafaigeach no bàrdachd aig an ìre seo, ach dh'fhaodadh gum bi prògraman eile rim faotainn san àm ri teachd gus taic a chur ri sgrìobhadairean den t-seòrsa sin.

Thèid fiosrachadh air ciamar a chuirear a-steach airson Ar Guthan a lorg an seo. Feumaidh tagraichean a bhith còrr is 18 bliadhna dh'aois agus a' fuireach ann an Alba. Tha an ceann-latha airson tagraidhean air 31 Màrt 2022.

Tha Ar Guthan ga lìbhrigeadh le Comhairle nan Leabhraichean le maoineachadh bho Alba Chruthachail.

Ar Guthan
Sgeama taic do sgrìobhadairean ùra

Comhairle nan Leabhraichean
The Gaelic Books Council

CREATIVE SCOTLAND
ALBA | CHRUTHACHAIL

Ar Guthan (Our Voices)

Gaelic writers from under-represented communities to be supported with new scheme

The Gaelic Books Council has partnered with Creative Scotland to launch Ar Guthan, a scheme which aims to support new Gaelic writers from under-represented communities as they work towards completing the full draft of their first book.

Up to three successful applicants will be partnered with literature experts to provide professional feedback on their work. They will also have their work assessed by a Gaelic publisher in terms of its suitability for publication.

The scheme is aimed at writers who are working on a novel, creative non-fiction book, or collection of short fiction, who have not had a book-length work published before. Submissions are particularly welcomed from writers living in island or rural areas; writers from low-income households; those who are care experienced and those who identify as Black, Asian or another Minority Ethnicity, as LGBTQ+, and as disabled.

Those who lack confidence in writing Gaelic are also encouraged to apply. If an applicant wishes to discuss this further, they should contact The Gaelic Books Council on 0141 331 6211 or by emailing guthan@gaelicbooks.org.

Submissions of poetry, children's books or graphic novels are not being sought at this time, although help may be offered to writers in these genres through future schemes.

Full details in Gaelic on how to apply can be found here. Applicants must be 18 or over and resident in Scotland. The deadline for submissions is 31 March 2022.

Ar Guthan is delivered by The Gaelic Books Council through funding from Creative Scotland.